

curraicealam airson sàr-mhathais:
litearrachd thar ionnsachaidh
prionnsapalan agus cleachdadh

www.gaidhlig.ltscotland.org.uk



Litearrachd thar ionnsachaidh Prionnsapalan agus cleachdadh

Tha cànan agus litearrachd cudromach gu pearsanta, gu sòisealta agus a thaobh na h-eaconamaidh. Tha ar comas air cànan a chleachdadh aig teis-meadhan mar a tha sinn a' toirt air adhart agus a' cur an cèill ar faireachdainnean, ar smaoineachadh, ar n-ionnsachadh agus an iomhaigh a tha againn dhinn fhìn. Tha cànan na phrìomh phàirt de ar cultar. Tro chànan, is urrainn do chlann agus do dhaoine òga faighinn gu dualchas litreachais a' chinne-daonna agus tuigse fhaighinn air beairteas agus farsaingeachd dualchas litreachais na h-Alba. Tha clann agus daoine òga a' tighinn tarsainn air, a' gabhail tlachd ann agus ag ionnsachadh bho na diofar chànanan a thathar a' cleachdadh nan dachaighean, nan coimhearsnachdan, leis na meadhanan agus le an coisean.

Tha litearrachd cudromach anns gach raon ionnsachaidh oir tha e a' fosgladh slighe a-steach dhan churraicealam fharsaing. Tha a bhith litearra a' toirt barrachd chothroman do gach neach anns gach slighe dem beatha, a' cur sìos bhunaitean airson ionnsachadh fad-beatha agus obair, agus a' cur gu mòr ri leasachadh nan ceithir comasan den *Churraicealam airson Sàr-mhathais*.

Feumar comas agus misneachd ann an litearrachd, a' gabhail a-steach gràmar, litreachadh agus labhairt, airson adhartas a dhèanamh anns gach raon den churraicealam. Air sgàth sin, tha dleastanas aig an luchd-teagaisg uile comasan cànan agus litearrachd a thoirt air adhart. Feumaidh a h-uile neach-teagaisg anns gach roinn den churraicealam cothroman a lorg air daoine òga a bhrosnachadh gu bhith a' mìneachadh an smuaintean, a' deasbad mum beachdan agus a' leughadh is a' sgrìobhadh aig ìre a chuidicheas iad gus an sgilean cànan a thoirt nas fhaide air adhart.

Togail a' Churraicealaim 1

Tha eòlasan is builean litearrachd ag amas air smaoineachadh breithneachail is cruthachail a thoirt air adhart, cho math ri comasan èisteachd, labhairt, leughaidh is sgrìobhaidh agus na sgilean pearsanta, eadar-phearsanta agus cho-obrachail a tha cho cudromach sa bheatha làitheil agus ann an saoghal na h-obrach. Tha am frèam a' toirt do luchd-ionnsachaidh, do phàrantan is do luchd-teagaisg cunntas farsaing air na diofar chothroman ionnsachaidh a chuireas ri litearrachd, a' gabhail a-steach litearrachd breithneachail.

Dè thathar a' ciallachadh le litearrachd?

Ann a bhith a' mìneachadh litearrachd airson na 21mh linne, feumaidh sinn beachdachadh air na caochladh sheòrsaichean cànan air am bi ar clann agus daoine òga a' tighinn tarsainn agus a bhios iad a' cleachdadh. Mar sin, tha am mìneachadh a' gabhail a-steach rudan mar an t-astar agus na dòighean sa bheil fiosrachadh air a thoirt seachad. Tha am mìneachadh farsaing airson a bhith cinnteach gum bi e fhathast fìor san àm ri teachd. Mar sin, ann an *Curraicealam airson Sàr-mhathais* tha litearrachd air a mhìneachadh mar:

an seata sgilean a leigeas le neach làn-phàirt a ghabhail ann am beatha an t-sluaigh agus ann an ionnsachadh, tro na diofar riochdan cànan agus na diofar cho-theacsaichean a tha an saoghal a' meas feumail agus luachmhor.

Tha na h-eòlasan is builean litearrachd ag amas air sgilean cleachdaidh cànan a thoirt air adhart, gu h-àraidh na sgilean a tha air an cur am feum gu cunbhalach leis gach neach nam beatha làitheil. Nam measg sin tha a bhith comasach air eòlas cànan a chur gu feum. Tha iad a' sealltainn mar a dh'fheumas comas a bhith aig daoine òga conaltradh gu h-èifeachdach, an dà chuid aghaidh-ri-aghaidh agus ann an sgrìobhadh, tro raon de mheadhanan a tha a' sìor leudachadh. Tha iad stèidhichte air rannsachadh nàiseanta is eadar-nàiseanta agus frèaman sgilean eile. Tha iad a' gabhail a-steach cho cudromach 's a tha èisteachd agus labhairt agus co-obrachadh èifeachdach ann an toirt ar smaoineachadh agus ar n-ionnsachadh air adhart.

Gu h-àraidh, tha na h-eòlasan is builean a' dèiligeadh ri sgilean cudromach ann an litearrachd bhreithneachail. Chan e a-mhàin gum feum clann is daoine òga a bhith comasach air leughadh airson fiosrachadh: feumaidh iad cuideachd a bhith comasach air obrachadh a-mach dè an earbsa as còir dhaibh a chur san fhiosrachadh, agus aithneachadh cuin agus ciamar a tha daoine a' feuchainn ri ìmpidh a chur orra no buaidh fhaighinn air am beachdan.

Ciamar a tha am frèam litearrachd air a chur ri chèile?

Tha am frèam a' fosgladh le seata de aithrisean a tha a' toirt cunntas air an t-seòrsa obrach sam bu chòir do chlann agus daoine òga uile a bhith an sàs fhad 's a tha iad ag ionnsachadh airson an eòlas agus an sgilean litearrachd is cànan a thoirt air adhart. Cleachdaidh luchd-teagaisg iad seo nam planadh airson ionnsachadh is teagasg, còmhla ris na h-eòlasan agus builean, a tha nas mionaidiche.

Tha na trì cinn san fhrèam litearrachd co-ionann ris an fheadhainn a tha air an cleachdadh ann am frèaman litearrachd is Beurla, litearrachd is Gàidhlig, Gàidhlig (luchd-ionnsachaidh) agus nuadh-chànanan:

- èisteachd is labhairt
- leughadh
- sgrìobhadh.

Fo na cinn sin tha fo-chinn.

Tha na h-eòlasan is builean airson *tlachd agus roghainn* a' daingneachadh cho cudromach 's a tha e a bhith a' toirt cothrom do dhaoine òga roghainnean a dhèanamh a tha a' sìor fhàs gleusta.

Tha earrannan nan *innealan* a' gabhail a-steach sgilean agus eòlas cudromach: mar eisimpleir, tha leughadh a' gabhail a-steach cùisean cudromach leithid ro-innleachdan leughaidh, litreachadh agus gràmar.

Tha na h-earrannan mu *lorg agus cleachdadh fiosrachaidh* a' gabhail a-steach sgilean litearrachd bhreithneachail ann an leughadh; agus tha na h-aithrisean air *tuigse, anailis agus luachadh* a' brosnachadh tuigsinn theacsaichean, chan e a-mhàin tuigse litireil ach cuideachd sgilean aig ìre nas àirde na sin.

Mu dheireadh, tha eòlasan is builean *cruthachadh theacsaichean* a' toirt cunntas air an t-seòrsa chothroman a chuidicheas clann agus daoine òga gus an comas air conaltradh a thoirt air adhart gu h-èifeachdach, mar eisimpleir le bhith a' sgrìobhadh mineachaidh a tha soilleir agus air a dheagh chur ri chèile.

Tha na h-eòlasan agus na builean air an sgrìobhadh ann an dòigh fhosgailte a leigeas le luchd-teagaisg an atharrachadh a rèir feuman chloinne agus dhaoine òga a tha a' cleachdadh Braille, cànan soidhnigidh agus modhan conaltraidh eile. Tha eisimpleirean air seo sna faclan 'dèiligeadh ri daoine eile' agus 'eadar-obrachadh' an taobh a-staigh bhuilean èisteachd is labhairt.

Tha coileanadh aig a' cheathramh ìre air a dhealbh airson a bhith faisg air an ìre co-cheangailte ri ìre 4 den SCQF.

Carson a tha eòlasan agus builean litearrachd air am foillseachadh air leth bho na frèaman litearrachd agus Beurla agus litearrachd agus Gàidhlig?

Tha *Togail a' Churraicealam 1* a' daingneachadh cho cudromach is a tha e sgilean litearrachd a thoirt air adhart thar gach raon den churraicealam. Tha an luchd-obrach uile – bho na tràth-bhliadhnaichean tro fhoghlam bun-sgoile is àrd-sgoile gu ionadan-obrach òigridh agus colaistean – comasach air sgilean litearrachd chloinne agus dhaoine òga a thoirt air adhart agus a neartachadh ann an dòigh chudromach, an dà chuid tro na gnìomhan ionnsachaidh a bhios iad a' planadh agus tro an dèiligeadh ris a' chloinn agus na daoine òga. Tha e riatanach gun dèan sgoiltean, agus na tha ag obair ann an com-pàirt riutha, cinnteach gu bheil an aon tuigse aca air na dleastanasan sin, agus gun toir na dòighean ionnsachaidh is teagaisg aca comas do gach pàiste agus duine òg adhartas math a dhèanamh ann an toirt air adhart an sgilean litearrachd is cànan. Thathar a' sùileachadh gum bi eòlasan is builean litearrachd agus am pàipear seo air an leughadh le diofar luchd-obrach, nam measg dhaoine a tha ag obair ann an leabharlannan sgoile, a tha a' cur gu mòr ri leasachadh sgilean litearrachd chloinne agus dhaoine òga.

Dè tha seo a' ciallachadh do theagasg agus ionnsachadh?

Feumaidh luchd-teagaisg agus luchd-obrach eile a' cheist fhaighneachd, 'Ciamar a tha mi a' coileanadh feuman litearrachd an luchd-ionnsachaidh a tha air mo bheulaibh?' Tha e a' ciallachadh gum feumar smaoinichadh mu dheidhinn nan seòrsaichean eòlais a thathar a' toirt do dhaoine òga air litearrachd. Chan eil e a' ciallachadh gum bi a h-uile neach-obrach a' teagasg a h-uile ni a bhios tidsear Beurla san àrd-sgoil a' teagasg. Bidh e uaireannan ag èirigh a-mach à co-obrachadh còmhla ri roinnean eile; ach thig a' bhuidh as motha airson luchd-ionnsachaidh bhon luchd-obrach uile anns gach àrainneachd ionnsachaidh a bhith a' cur shuidheachaidhean a tha beairteach ann an litearrachd an lùib a' phrògram ionnsachaidh is teagaisg làitheil.

Cò ris a tha measadh litearrachd coltach?

(Tha an earrann seo a' dol leis a' chomhairle air litearrachd agus Beurla.)

On tha litearrachd na uallach air an luchd-obrach uile, agus on a tha e cudromach thar gach roinn de dh'ionnsachadh neach òg, bu chòir don luchd-obrach uile a bhith soilleir mu an dleastanasan a thaobh measadh litearrachd. Bidh measadh litearrachd a' cuimseachadh air an adhartas a tha clann agus daoine òga a' dèanamh ann a bhith a' leasachadh agus a' cleachdadh sgilean feumail ann an èisteachd, labhairt, leughadh agus sgrìobhadh. Bho na tràth bhliadhnaichean chun na h-ìrean as àirde, agus gu h-àraidh aig àm gluasad eadar ìrean, tha e air leth cudromach dealbh soilleir fhaighinn den adhartas a tha gach pàiste agus neach òg a' dèanamh thar gach roinn de litearrachd airson gum faodar tuilleadh ionnsachaidh a phlanadh no dìth adhartais a chur ceart.

Mar phàirt de mheasadh litearrachd san fharsaingeachd, bidh an dearbhadh air adhartas a gheibhear o bhith a' leasachadh agus a' cleachdadh sgilean litearrachd thar a' churraicealaim o latha gu latha a' cur ris an dearbhadh a gheibhear ann an leasan cànan. Tha àite cudromach aig gnìomhan measaidh sònraichte cuideachd. Feumaidh luchd-obrach agus luchd-ionnsachaidh an aon tuigse a bhith aca a thaobh na thathar a' sùileachadh ann an litearrachd thar nan roinnean curraicealaim uile, agus gabhaidh seo a dhèanamh le bhith a' deasbad agus a' sealltainn eisimpleirean de dh'obair.

Bu chòir do mheasadh a bhith a' cur an cèill na h-ìre gu bheil clann agus daoine òga a' cur an sgilean litearrachd gu feum thar an ionnsachaidh gu lèir. Mar eisimpleir:

- Dè cho math 's a tha iad air cur ri còmhraidhean agus an smuaintean innse gu soilleir?
- Dè an ìre gu bheil iad a' fàs comasach air prìomh beachdan theacsaichean a mhìneachadh?
- An urrainn dhaibh an sgilean litearrachd a chur gu feum gu sgileil ann an diofar roinnean de an ionnsachadh agus nam beatha làitheil?

Bidh clann a' sealltainn an adhartais ann an *leughadh* tro bhith a' fàs ann am fileantachd is tuigse agus tro am misneachd ann an leughadh airson ionnsachadh cho math ri ionnsachadh airson leughadh.

Tha eòlasan is builean litearrachd a' cur cuideam air leasachadh ann an *litearrachd bhreithneachail*. Chithear adhartas an seo mar a bhios clann a' gluasad bho bhith a' tional fiosrachadh sìmplidh, gu bhith a' sgrùdadh, a' luachadh agus a' fàs mothachail air an earbsa a bu chòir dhaibh a chur ann am fiosrachadh.

Bidh clann agus daoine òga a' sealltainn an adhartais ann an *sgrìobhadh* tron ìre gun urrainn dhaibh obrachadh leotha fhèin, tro cho pongail 's a tha am beachdan is mar a tha iad air an cur an òrdugh, tro an sgilean ann an litreachadh, puingeachadh agus gràmar, tro cho math is a tha an cuid sgrìobhaidh a' freagairt air an luchd-amais agus cho sgileil 's a tha iad ann a bhith a' cleachdadh cànan.

Faodaidh adhartas ann an *èisteachd is labhairt* a bhith air a mheasadh tro mar a tha iad gan giùlan fhèin ann an suidheachaidhean sòisealta agus ionnsachaidh agus tro òraidean, taisbeanaidhean agus còmhraidhean buidhne. Bheir an raon seo de shuidheachaidhean dearbhadh air am misneachd, mar a tha am mothachadh do dhaoine eile a' fàs tro eadar-obrachadh, air soilleireachd am beachdan agus mar a tha iad gan cur an cèill agus air an sgilean ann an èisteachd ri càch agus a' gabhail an turais fhèin ann an còmhradh.

Chithear ùidh agus dealas luchd-ionnsachaidh anns an dòigh a tha iad a' cleachdadh barrachd sheòrsaichean mheadhanan agus theacsaichean, an seòrsa stuth leughaidh as fheàrr leotha, am misneachd a thaobh a bhith ag innse mu rudan a thachair dhaibh tro labhairt agus sgrìobhadh agus anns an dòigh sa bheil iad a' cur an sgilean ionnsachaidh agus conaltraidh gu feum. Bidh na rudan sin nan comharra air cho soirbheachadh is a bhios iad san ùine fhada ann a bhith a' cleachdadh litearrachd nan ionnsachadh, nam beatha mar shaoranaich agus nan ullachadh airson saoghal na h-obrach.

Càit an tòisich mi?

Dh'fhaodadh tu ceist a chur ort fhèin mun ìre gu bheil thu mar-thà a' toirt cothrom do luchd-ionnsachaidh an sgilean litearrachd a thoirt air adhart. Sa chiad àite, dh'fhaodadh tu beachdachadh air na dòighean sa bheil thu a' cleachdadh èisteachd, labhairt, leughadh agus sgrìobhadh airson ionnsachadh o latha gu latha nad phrògraman teagaisg. Mar eisimpleir, a bheil thu a' toirt cothroman do luchd-ionnsachaidh:

Èisteachd is labhairt airson ionnsachadh

- dèiligeadh ri daoine eile ann an còmhraidhean buidhne agus clas nach eil sìmplidh?
- ionnsachadh ann an dòigh cho-obrachail – mar eisimpleir, nuair a thathar a' freagairt cheistean?
- an smuaintean innse do chàch?

- rannsachadh dè na rudan a tha a' cur ìmpidh orra airson an cuideachadh a' smaoinichadh mu dheidhinn dè cho earbsach 's a tha fiosrachadh?

Leughadh airson ionnsachadh

- fiosrachadh à diofar àitichean a lorg, a thaghadh, a rèiteachadh, a ghiorrachadh agus ceanglaichean a dhèanamh leis?
- beachdachadh air amas agus air prìomh phuingeann theacsaichean agus tuigsinn an diofar eadar firinn agus beachdan?
- deasbad mu na dòighean sa bheil theacsaichean coltach agus aocoltach ri chèile?

Sgrìobhadh airson ionnsachadh

- notaichean a dhèanamh, tighinn gu beachdan agus stuthan on d' fhuairadh taic ainmeachadh ann an obair sgrìobhaidh?
- briathrachas a thoirt air adhart agus a chleachdadh ann an dòigh èifeachdach?
- teacsaichean a chruthachadh – mar eisimpleir, taisbeanaidhean – a leigeas le luchd-ionnsachaidh argamaid no deasbad a dhèanamh no meòrachadh air cùisean?

Far a bheil thu a' freagairt 'tha' do na ceistean seo, tha thu a' cur ri litearrachd an luchd-ionnsachaidh ris a bheil thu an urra.

Chì thu gu bheil litearrachd air a nochdadh mar-thà an taobh a-staigh eòlasan is builean phàirtean eile den churraicealam. Tha e cudromach gun cleachdar eòlasan is builean litearrachd còmhla ris an fheadhainn ann an raointean curraicealaim eile nuair a thathar a' planadh airson ionnsachadh.

Dè thathar a' ciallachadh le 'teacsaichean'?

Mar sin, feumaidh am mìneachadh air 'teacsaichean' a bhith farsaing agus comasach air obrachadh san àm ri teachd: air sgàth sin ann an *Curraicealam airson Sàr-mhathais*,

's e meadhan a tha ann an teacsa trom faodar smuaintean, eòlasan, beachdan agus fiosrachadh a chur an cèill.

Tha leughadh agus dèiligeadh ri litreachas is teacsaichean eile aig teis-meadhan toirt air adhart eòlas agus tuigse luchd-ionnsachaidh. Tha seo a' gabhail a-steach, chan e a-mhàin teacsaichean air am foillseachadh anns na dòighean sgrìobhte no clò-bhuailte àbhaisteach, ach cuideachd teacsaichean a tha air an labhairt no ann an riochd eileagtronaigeach no film. Faodaidh teacsaichean a bhith ann an cruth leantainneach, a' gabhail a-steach rosg foirmeil traidiseanta, no ann an cruth neo-leantainneach, mar chlàran no ghrafaichean. Tha am frèam litearrachd a' gabhail a-steach mar a tha barrachd is barrachd feum ga dhèanamh de theacsaichean ioma-mheadhanach, conaltradh didseatach, lionraidhean shòisealta agus na seòrsaichean eile de chonaltradh eileagtronaigeach air am bi clann agus daoine òga a' tighinn tarsainn nam beatha làitheil. Tha e a' gabhail a-steach gu bheil na sgilean a dh'fheumas clann agus daoine òga airson na teacsaichean sin a leughadh eadar-dhealaichte bho na sgilean air a bheil feum aca airson rosg leantainneach a leughadh.

Eisimpleirean de theacsaichean
nobhailean, sgeulachdan-goirid, deilbh-chluich, bàrdachd teacsaichean fiosrachaidh earrannan labhairt
clàran, mapaichean, grafaichean agus clàran-ama sanasan, bileagan sanasachd
pàipearan chloinne, pàipearan-naidheachd agus irisean cunntais-beatha, litrichean agus puist-dealain filmichean, geamannan agus prògraman TBh bileagan, soidhnichean agus postairean
reasabaidhean, leabhraichean làimhe agus stiùireadh aithisgean agus lèirmheasan
teachdaireachd teacsa, blogaichean is làraich lionraidh shòisealta duilleagan eadar-lìn, catalogan agus leabhraichean-seòlaidh

Ann am planadh airson ionnsachadh ann an raon curraicealaim sam bith, tha e cudromach gun dèan luchd-obrach cinnteach gum bi clann agus daoine òga a' tighinn tarsainn air raon farsaing de dhiofar sheòrsaichean teacsa ann an diofar mheadhanan. Mar a bhios an ionnsachadh a' tighinn air adhart, thig clann agus daoine òga tarsainn air teacsaichean a bhios a' sior fhàs iomadh-fhillte a thaobh fad, structar, briathrachas, beachd-smuaintean agus bun-bheachdan.